

RESEARCH BRIEFING

December 2011 | Number 6G

CLANN ÒGA AG IONNSACHADH SA GHÀIDHLIG: A' sgrùdadh eòlasan ionnsachaidh chloinn òga ann an ro-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig



RO-RÀDH

Tha Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) na phàirt cudromach de dh'oidhirpean làithreach gus ath-bheothachadh a thoirt air a' chànan ann an Alba. Thathar a' faicinn gur e àm riatanach a tha ann an ro-sgoil airson tòiseachadh air FMG, a' meudachadh nan àireamhan a tha a' dol a-steach gu FMG bun-sgoile agus a' dèanamh a' ghluasaid gu àrainneachd ionnsachaidh na sgoile nas fhasa. Ach, tha e riatanach gu bheil ro-sgoil FMG aig ìre àrd càileachd. Thathar an dùil gum bi solar a tha air a mhaoineachadh leis an Riaghaltas a' tabhann nan aon chothroman ionnsachaidh do chloinn rin co-aoisean a bhios a' dol gu ionadan tro mheadhan na Beurla. Tha dùbhlann an lùib a bhith a' coinneachadh nan dùilean seo ge-tà, oir bidh a' mhòr-chuid de chloinn a' dol gu ro-sgoil FMG bho dhachannan far a bheilear a' bruidhinn na Beurla agus mar sin chan eil iad a' cluinntinn na Gàidhlig ach san sgoil-àraich no sa bhuidhinn-chluiche. Rinn an sgrùdadh a bu tràithe againn¹ clàradh air raon agus meud FMG thràth-bhliadhnachan agus solar cùram-cloinne, ach san rannsachadh air a bheilear ag aithris an seo, bha sinn ag amas air na bha a' tachairt taobh a-staigh nan ionadan, cleasan na cloinne san t-seòmar-chluiche² agus na dòighean sa bheil luchd-cleachdaidh gan cuideachadh

gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, a bharrachd air dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri dùilean nàiseanta a thaobh a' churraicealaim agus builean ionnsachaidh.

Bha an sgrùdadh a' cleachdadh dhòighean amhairc a chaidh a leasachadh gus eòlasan curraicealaim agus dòighean-teagaisg làitheil a sgrùdadh ann an ionadan thràth-bhliadhnachan. B' e amas nan ionadan uile sa chùis-sgrùdaidh againn a' chlann a bhogadh sa chànan, agus bhathar a' cleachdadh na Gàidhlig airson conaltradh eadar an luchd-cleachdaidh is a' chlann agus airson thaisbeanaidhean is ghoireasan far an robh an cànan labhairteach no sgrìobhte na lùib. Bha iad a' leantainn stiùireadh a' churraicealaim nàiseanta airson na Tràth Ìre³ agus a' cleachdadh dhòighean-obrach a bhiodh air an dealbhachadh mar 'àbhaisteach' airson ro-sgoil ann an Alba. Bha an cuideam air a bhith ag ionnsachadh tro chluiche agus com-pàirteachas gnìomhach. Bha clann an làthair airson seiseanan leth-latha agus bha iad a' cur seachad a' mhòr-chuid dhen ùine aca a' dèanamh nan roghainnean aca fhèin bho na cleasan agus na goireasan a bha air an cur mun coinneamh, le dìreach amannan goirid nuair a bha iad air an cur còmhla ann am buidhnean beaga no mòra gus com-pàirt a ghabhail ann an cleasan air an stiùireadh le inbhich.

CEISTEAN AGUS MODHAN RANNSACHAIDH

Chuir sinn romhainn na nithean a leanas a sgrùdadh:

- > mar a bhios clann aois 3-5 a' cur seachad an cuid ùine ann an ionadan ro-sgoile FMG – na cleasan sa bheil iad a' ghabhail com-pàirt agus cò còmhla ris am bi iad a' cur seachad ùine
- > dè an cànan a tha air a chleachdadh nuair a bhios clann a' bruidhinn ri inbhich agus ri clann eile agus dè an cànan a bhios iad a' cluinntinn san t-seòmar-chluiche.

Bha sinn a' coimhead air trì ionadan bogaidh sa Ghàidhlig:

- > clas sgoil-àraich ann am bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig (Na Blàir Àrda)
- > clas sgoil-àraich ann am bun-sgoil le meuran Gàidhlig agus Beurla (Am Baile Ùr)
- > clas sgoil-àraich ann an sgoil-àraich le meuran Gàidhlig agus Beurla (Na Bràighean).

Bha a dhà de na h-ionadan seo ann am meadhan na h-Alba agus bha aon ann an ceann a tuath na dùthcha.

Rinn sinn còig cuairtean de dh'amharcan eagaraichte thairis air bliadhna, a' clàradh na bha a' chlann a' dèanamh, na goireasan a bha iad a' cleachdadh, na modhan freagairt aca, an cànan a bha iad a' cleachdadh le inbhich is co-aoisean agus na gnìomhan teagaisg aig an luchd-cleachdaidh. Thug sinn fa-near do na cothroman ionnsachaidh, na stuthan agus na



taisbeanaidhean a bha san t-seòmar-chluiche, a' gabhail aire shònraichte do na goireasan agus na cleasan a bha co-cheangailte ri bhith a' solarachadh àrainneachd bheirteach airson a bhith ag ionnsachadh cànan m.e. leabhraichean, pupaidean, seinn, cùl-taic airson cluiche dràmadach.

Air an t-siathamh tadhal againn do gach ionad, thug sinn cuireadh dhan a' chloinn gus com-pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean structaraichte mu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig san t-seòmar-chluiche. A bharrachd air sin, bha agallamhan le luchd-cleachdaidh agus manaidsèaran sgoil-àraich a' còmhach chuspairean leithid amasan an ionaid, teagasg cànan agus ro-innleachdan ionnsachaidh, dòighean gus adhartas na cloinne a chlàradh agus dealbhadh airson tuilleadh leasachaidh. Bha sinn faiceallach gun robh cead againn gus com-pàirt a ghabhail bho mhanaidsèaran gach ionaid, an luchd-cleachdaidh a bha ag obair anna agus pàrantan na cloinne a bha sinn air a thaghadh airson amharc orra gu sònraichte. Nuair a thug sinn cuireadh dhan a' chloinn gus bruidhinn ris an neach-rannsachaidh rinn sinn cinnteach gun robh iad deònach sin a dhèanamh agus thug sinn spèis dhan roghainn aca mura robh iad airson com-pàirt a ghabhail no ma bha iad airson fàgail mus robh an còmhraidh structaraichte air a chrìochnachadh air fad.

TOROIDHEAN RANNSACHAIDH⁴

Dè tha clann a' dèanamh san t-seòmar-chluiche?

Anns gach fear de na seòmraichean-cluiche a ghabh com-pàirt san sgrùdadh seo bhathar an dùil gun dèanadh a' chlann taghadh bho raon chleasan is ghoireasan a bha air an cur mun coinneamh. Tha an dàta againn a' sealltainn nan taghaidhean a rinn a' chlann fhèin bho na roghainnean a bha rim faotainn, agus na cleasan dhan deach an tarraing nuair a bha aca ri com-pàirt a ghabhail ann an cleasan buidhne goirid fo stiùir inbheach, no amannan nuair a bha a' chlann air an toirt còmhla fo stiùir inbheach m.e. airson seinn aig deireadh an t-seisein.

Bha na rudan a bha air an tabhann diofraichte thar nan ionadan agus chaidh amharc air a' chloinn rè ùine a' sireadh rudan san robh ùidh aca fhèin gu pearsanta (m.e. a' cluiche 'teaghlaidhean', a' tarraing

dhealbhan) no a’ roghnachadh goireasan sònraichte a chleachdadh m.e. gainmheach no acfhainn togail. Ach a dh’aindeoin seo bha diofaran eadar ionadan a thaobh solar chothroman ionnsachaidh a dh’fhaodadh a bhith gu sònraichte buntainneach do sheòmraichean-cluiche airson bogadh cànan. Mar eisimpleir, sna còig amannan amhairc againn cha deach pupaidean a chleachdadh ach ann an aon ionad, bha leughadh sgeulachdan ann am buidhinn air tachairt uaireannan ann an dà ionad ach cha deach fhaicinn idir san treas ionad. Cha robh mòran chothroman rim faighinn ann an gin dha na h-ionadan airson cleasan buidhne eile a dh’fhaodadh taic a chur ri ionnsachadh cànan, leithid aithris rannan corraige is bàrdachd, sgeulachd a chluinntinn bho inbheach, no clann ag innse naidheachdan dha chèile. Bha leabhraichean Gàidhlig air an taisbeanadh anns gach ionad agus bha na leabhraichean ag atharrachadh rè ùine. Ach, bha an àireamh leabhraichean a bha rim faotainn ag atharrachadh sna h-ionadan agus sa Bhaile Ùr bha leabhraichean Beurla cuideachd ann an àrainn an leabharlainn seach gun robhar a’ cleachdadh an aon àite airson foghlam tro mheadhan na Beurla. Bha am pailteas chothroman cluiche ann le goireasan ‘saoghal beag’, doileagan agus cùl-taic airson cluich dràmach, ach gu math na bu lugha de chleasan air an dealbhadh gus taic a thoirt do leasachadh cànan airson breithneachadh agus cha robhar a’ dèanamh ach feum cuingealaichte de theicneòlasan gus tuigse agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Nuair a tha sinn a’ coimhead air na tha clann a’ dèanamh a thaobh *raointean curraicealaim* tha sinn a’ faicinn gun deach amharc orra mar bu trice a’ gabhail com-pàirt ann an cleasan a dh’fhaodadh a bhith air an seòrsachadh mar a’ buntainn ris na h-ealain fhaireachdail agus leasachadh cànan.

Cha deach amharc orra cho tric a’ gabhail com-pàirt ann an cleasan co-cheangailte ri slàinte is mathas, matamataig agus saidheans. Ach, bha barrachd cuideam air àireamhan aig Na Blàir Àrda na bha sna h-ionadan eile agus bha pròiseact sealach sna Bràighean a’ togail na h-ìre com-pàirteachais ann an cleasan saidheans. ‘S ann ainneamh a chaidh amharc air a’ chloinn sna trì ionadan seo a’ gabhail com-pàirt ann an cleasan a’ buntainn ri trì raointean den churraicealaim: tuigse creideimh is moralta; saidheans sòisealta agus teicneòlas. Ged nach eil am fòcas air ealain fhaireachdail agus cànan idir na iongnadh, cha robh dùil ris a’ chion com-pàirteachais le teicneòlas, ach dh’fhaodte gu bheil seo mar thoradh air na teicneòlasan a tha rim faotainn san t-seòmar-chluiche agus cho tarraingeach ‘s a tha iad an coimeas ris na goireasan nas traidiseanta. Stèidhichte air a seo, a rèir coltais dh’fhaodte nach eil clann sna seòmraichean-cluiche seo a’ cur eòlas air farsaingeachd iomlan nan raointean curraicealaim ris am biodh dùil airson na Tràth Ìre, no co-dhiù sna taghaidhean cunbhalach, làitheil aca san t-seòmar-chluiche.

‘S e dòigh eile air coimhead air mar a bha a’ chlann a’ cur seachad an ùine san t-seòmar-chluiche a bhith a’ coimhead air an *gnìomhan is an giùlain*. Le bhith ga làimhseachadh san dòigh seo tha an dàta againn a’ nochdadh gun robh a’ chlann anns gach ionad a’ cur seachad barrachd ùine a’ sgioblachadh agus a’ gluasad na chuir iad seachad air gnìomh sam bith eile. Ann an Clàr 1 tha sinn air liosta a dhèanamh de na cleasan a bu trice air an do dh’amharc sinn anns gach ionad, cuide ri co-roinn de na h-amharcan uile san ionad sin, air an cunntas a rèir gach seòrsa cleas. Cha deach cleasan a chaidh amharc na bu lugha na 5% den ùine a ghabhail a-steach sa chlàr seo idir.

CLÀR 1 CLEASAN A CHAIDH AMHARC TRIC SNA SEÒMRAICHEAN-CLUICHE

AM BAILE ÙR		NA BRÀIGHEAN		NA BLÀIR ÀRDA	
Sgioblachadh/gluasadan	35%	Sgioblachadh/gluasadan	15%	Sgioblachadh/gluasadan	28%
Cluiche dràmach/cluich mas-fìor	9%	Seinn sa Ghàidhlig	13%	Àireamh	11%
Seinn sa Ghàidhlig	7%	Gainmheach	12%	Dèanamh dhealbhan	
Togail	6%	Cabadaich	8%	/sgriobhadh/peantadh	9%
Coimpiutair/teicneòlasan	6%	Saidheans	7%	Cluich corporra	9%
		Làimh-chiùird	7%	Èist ri sgeulachd sa Ghàidhlig	7%
		Cluiche dràmach/cluich mas-fhìor	6%	Seinn sa Ghàidhlig	6%
		Coimpiutair/teicneòlasan	6%	Cluiche ‘saoghal beag’	5%
				Togail	5%

Tha dà rud gu h-àraid follaiseach mu na figearan seo. ‘S e a’ chiad fhear gun deach tòrr ùine a chosg a’ sgioblachadh no a’ gluasad eadar diofar thràthan tron latha (m.e. feitheamh gus an cruinnicheadh a h-uile duine dhan aon bhuidhinn, a’ cur orra aodach airson a dhol a-mach). ‘S e an dàrna fear gu bheil atharrachaidhean thar nan ionadan. Mar eisimpleir

chaidh seinn sa Ghàidhlig a thoirt fa-near ann an 13% de na h-amharcan sna Bràighean ach dìreach ann an 7% agus 6% sna h-ionadan eile. Tha cluich corporra a’ dèanamh suas 9% airson aon ionad ach nas lugha na 5% ann an àiteachan eile, agus ged a chaidh amharc air clann a’ Bhaile Ùir a’ gabhail com-pàirt ann an cluich dràmach ann an 9% de na h-amharcan, bha seo

sìos gu 6% sna Bràighean agus na bu lugha na 5% aig Na Blàir Àrda. Am measg nan cleasan sin nach deach fhaicinn cho tric bha còmhraidh ann am buidhnean beaga le inbheach, coimhead air leabhraichean agus a’ cluiche ceòl.

Dè an cànan a bhios clann a’ cluinntinn agus a’ cleachdadh san t-seòmar-chluiche?

Ged a bha gach fear de na h-ionadan ag amas air bogadh sa chànan a thoirt seachad, tha e soilleir gu bheil a’ Bheurla a’ brùthadh a-steach. Ann am beagan a bharrachd air leth nan tràthan amhairc thar nan ionadan uile bha a’ chlann a’ cluinntinn na Gàidhlig. Bha a’ chlann a’ cluinntinn na Beurla ann an 27-37% de àireamh iomlan nan amharcan. Bhiodh luchd-cleachdaidh a’ cleachdadh na Beurla gus bruidhinn ri luchd-tadhail agus pàrantan. Chaidh an cluinntinn ag ath-aithris sa Bheurla gus tuigse a neartachadh no gus leanabh a bha mì-thoilichte a chomhfhurtachadh.



CLÀR 2 CÀNAN A BHA CLANN A’ BRUIDHINN SAN T-SEÒMAR-CHLUICHE

	A’ bruidhinn Beurla	A’ bruidhinn Gàidhlig	Nach robh a’ bruidhinn
NA BRÀIGHEAN	65%	20%	15%
AM BAILE ÙR	62%	8%	31%
NA BLÀIR ÀRDA	53%	13%	34%

Tha Clàr 2 a’ sealltainn na co-roinn de dh’amannan amhairc thar na bliadhna nuair a chaidh toirt fa-near gun robh a’ chlann air an robhar ag amas gu sònraichte a’ bruidhinn sa Bheurla, sa Ghàidhlig no nach robh iad a’ bruidhinn idir. Sna h-ionadan seo bha a’ chlann a’ bruidhinn sa Bheurla fada na bu trice na bha iad a’ bruidhinn sa Ghàidhlig, ach airson luchd-ionnsachaidh dh’fhaodte nach eil seo na iongnadh, agus chan eil seo idir na fhianais air na tha iad a’ tuigsinn sa Ghàidhlig. Ach, tha an t-eadar-dhealachadh eadar na h-ionadan airidh air sgrùdadh a bharrachd. Mar eisimpleir, dè na cleachdaidhean a dh’fhaodas a bhith air an co-roinn gus dèanamh cinnteach gu bheil clann uile ann an ionadan FMG a’ cleachdadh na Gàidhlig gu na h-ìrean as àirde a thathar a’ sealltainn ann an Clàr 2?

Tha e soilleir bhon fhianais againn gu bheil a’ chlann a’ bruidhinn ri chèile sa Bheurla. Le glè bheag dhen chloinn a’ tighinn bho dhachannan far a bheilear a’ bruidhinn na Gàidhlig, ‘s e a’ Bheurla a bhios iad a’ cleachdadh am measg a chèile, agus ann an àrainneachd ionnsachaidh a tha air a stiùireadh leis a’ chloinn fhèin, agus far a bheil iad a’ gabhail com-pàirt ann an cleasan len co-aoisean gun inbheach a bhith an làthair, chan eil e na iongnadh gu bheilear a’ cleachdadh na Beurla. Bha amannan far an robh a’ chlann a’ cur seachad ùine leotha fhèin còmhla ri neach-cleachdaidh gu math an-àbhaisteach (ag atharrachadh thar ionadan bho 1-4% de àireamh iomlan nan amharcan) ach bha a’ chlann na bu bhuailtiche eòlas fhaighinn air buidhnean beaga còmhraidh, geamaichean agus cleasan air an stiùireadh le inbheach. Aig Na Bràighean agus Am Baile Ùr bha an seòrsa eadar-obrachaidh seo a’ tachairt air

21% de na h-amannan amhairc ach aig Na Blàir Àrda cha robh seo ach aig 13%. Ach, cha robh inbheach a’ gabhail com-pàirt ann an cleasan na mòr-chuid den chloinn rè na mòr-chuid de na h-amharcan (a’ dol bho 61-70% den iomlan thar nan ionadan). Tha na toraidhean seo a’ nochdadh a’ cho-aonta air cleachdadh iomchaidh ro-sgoile ann an Alba agus na co-mheasan inbheach: pàiste sna seòmraichean-cluiche. Ach tha iad a’ togail cheistean a thaobh co dhiubh a tha na rudan a thathar a’ meas freagarrach airson solar tro mheadhan na Beurla cuideachd a’ freagairt air ionadan bogaidh far a bheil a’ chlann an crochadh air luchd-cleachdaidh gus cothrom a thoirt dhaibh chun a’ chàinain a tha iad ag ionnsachadh agus tro bheil iad ag ionnsachaidh.

Nuair a bhathar a’ cluinntinn na cloinne a’ cleachdadh na Gàidhlig b’ ann gu mòr ann an co-theacsa àm-sgeulachdan no seinn, air a stiùireadh le inbheach. Bha iad cuideachd air an clàradh a’ toirt freagairt cheart sa Ghàidhlig a thaobh ainm an latha no na mìos, a’ cunntais gu h-aithriseach no a’ cleachdadh abairtean cumanta mar ‘tapadh leibh’, ag iarraidh a dhol dhan taigh-bheag no ‘àin sgioblachaidh’ (abairtean a tha gu h-àbhaisteach air liostaichean cànan ‘amais’ nan ionadan). B’ urrainn do chuid dhen chloinn na cleasan ainmeachadh sa Ghàidhlig (m.e. gainmheach no uisge). Ged a dh’fhaodadh an cleachdadh seo a thaobh na Gàidhlig a bhith cuideachail gus a’ chlann a dheasachadh airson a dhol air adhart gu cleachdaidhean cunbhalach na bun-sgoile, chan eil coltas ann gu bheil e, aig an ìre seo, ag uidheamachadh na cloinne le cànan còmhraidh no cànan le brìgh phearsanta aig an ìre seo.

A bheil a' chlann a' gabhail com-pàirt?

A dh'aindeoin dè an cleas sa bheil iad a' gabhail com-pàirt, tha clann nas buailtiche ionnsachadh nuair a tha iad a' gabhail com-pàirt gu dlùth. Tha na cleasan seo riarachail cuideachd agus a' neartachadh fèin-spèis na cloinne agus a' fosgladh an comasan ionnsachaidh. Rè nan amharcan seo chlàr sinn ìrean com-pàirteachaidh na cloinne a' cleachdadh sgèile ceithir-phuingeach a chaidh a leasachadh ann an sgrùdaidhean a rinneadh roimhe: gun a bhith a' gabhail com-pàirt; a' gabhail com-pàirt ach buailteach aire a chall; a' gabhail com-pàirt ach dh'fhaodadh aire a chall; a' gabhail com-pàirt gu dlùth. Bha na h-ìrean com-pàirteachaidh diofraichte thar nan ionadan. Aig a' Bhaile Ùr bha còrr is dà uidhir nan amannan ann nuair nach robh a' chlann a' gabhail com-pàirt agus dìreach dà thrian far an robh iad a' gabhail com-pàirt gu dlùth, an coimeas ris an dà ionad eile.

Thairis air na trì ionadan thug sinn fa-near nuair a bha a' chlann a' cluinntinn na Gàidhlig, gur e an ìre chom-pàirteachaidh as trice a chunnaic sinn 'a' gabhail com-pàirt ach buailteach aire a chall'. Nuair a bhathar a' cleachdadh na Beurla bha cuid 'a' gabhail com-pàirt ach buailteach aire a chall' ach bha feadhainn eile na bu bhuailtiche a bhith a' gabhail com-pàirt agus gun a bhith cho buailteach aire a chall. Tha e inntinneach toirt fa-near nuair a bha a' chlann leotha fhèin no còmhla ri càch ach gun a bhith a' còmhradh gur e 'a' gabhail com-pàirt gu dlùth' an ìre chom-pàirteachaidh a bu trice a chaidh amharc. Ged a tha na h-amannan seo nuair a tha a' chlann a' gabhail com-pàirt gu dlùth nan deagh chomharran ionnsachaidh, air am bu chòir fàilte a chur, 's e amannan a th' annta cuideachd nuair nach eilear a' faighinn eòlas sam bith air a' Ghàidhlig. Le bhith a' leasachadh cleachdadh gus am bi clann anns gach ionad a' gluasad gu ruige barrachd amannan nuair a tha iad a' gabhail com-pàirt gu dlùth, agus a' gabhail com-pàirt nas dlùithe nuair a tha iad ag èisteachd ri agus a' freagairt sa Ghàidhlig, bu chòir gun toireadh seo taic do na tha iad a' coileanadh thar nam builean ionnsachaidh uile agus mar a tha iad a' togail na Gàidhlig.



DÙBHLAIN AIRSON SOLAR RO-SGOILE TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

A' dèanamh cho-dhùnidhean mu phrìomhachasan is dhùilean

- > Ann a bhith a' leasachadh cleachdadh feumar beachdachadh air adhbharan an t-solair, a' dèanamh cho-dhùnidhean mu phrìomhachasan agus a' lorg dhòighean gus aghaidh a chur ris na duilgheadasan soilleir agus iom-fhillte a bhios a' tighinn am bàrr ann an ro-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Mar eisimpleir, am bu chòir fòcas a bhith air cruthan agus cleachdaidhean àraid cultarail? Dè a bu chòir a 'thoirt a-nall' bho sholar agus ghoireasan Beurla? Am bu chòir dùil a bhith ann gun ionnsaich pàrantan a' Ghàidhlig cuide rin cuid cloinne?

A' trèanadh agus a' fastadh luchd-cleachdaidh

- > Tha solar a tha a' toirt seachad bogadh sa Ghàidhlig aig ìre àrd càileachd a' cur feum air luchd-cleachdaidh : (i) aig a bheil tuigse leasaichte air dòighean-obrach a tha a' toirt taic do chloinn òga fhad's a tha iad ag ionnsachadh mu agus tro chànan nach eil iad a' cluinntinn san dachaigh no sa choimhearsnachd; (ii) a tha misneachail agus fileanta sa Ghàidhlig, comasach freagairt luath a thoirt do dh'iarrtasan na cloinne a thig air làrach nam bonn, agus bruidhinn mu raon farsaing chuspairean; agus (iii) stiùireadh làithreach mu chleachdaidhean matha ro-sgoile a thuigsinn is a chur an gnìomh. Tha am foghlam proifeasanta tùsail a tha ri fhaotainn an-dràsta gu mòr tro mheadhan na Beurla, tha cion leasachadh leantainneach proifeasanta ann a tha ag amas air a' Ghàidhlig agus tha gainnead luchd-labhairt Gàidhlig ann bhon urrainnear luchd-cleachdaidh ùr fhastadh. Tha na nithean seo uile a' ciallachadh gu bheil e doirbh dèanamh cinnteach gu bheil luchd-cleachdaidh sna h-ionadan uile a' coinneachadh ris na slatan-tomhais seo. Bhiodh càileachd foghlam ro-sgoile FMG air a neartachadh le bhith a' cur buidheann le eòlas proifeasanta mu sholar bogaidh sa Ghàidhlig an gnìomh sna tràth-bhliadhnachan agus le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn do luchd-cleachdaidh uile an t-eòlas seo a cho-roinn.

A' coileanadh bhuilean ionnsachaidh

- > Tha ro-sgoiltean FMG a' tabhann raon farsaing chleasan agus a' brosnachadh na cloinne gus raon iomchaidh de mhodhan a leasachadh, ach tha an fhianais againn a' nochdadh nach eil iad, dh'fhaodte, a' còmhachadh gach taobh den churraicealaim. Mar sin dh'fhaodte gu bheil iad a' cur eòlas air raon diofraichte chothroman ionnsachaidh an coimeas rin co-aoisean ann an solar tro mheadhan na Beurla. Cò dhiubh is e toradh nach gabh a sheachnadh a tha seo a thaobh foghlam bogaidh, ach air a chothromachadh leis na buannachdan a tha an lùib a bhith ag ionnsachadh cànan eile, no cò dhiubh is e adhbhar iomagain a th' ann, bu chòir seo a dheasbad agus aithneachadh nuair a thathar a' dealbhadh agus a' measadh. Feumar sgrùdadh a dhèanamh air na dùbhlain inntinneil a tha an lùib cuid de raointean

a' churraicealaim do chloinn a tha ag ionnsachadh ann an cànan ùr, agus feumar aire a ghabhail dhan a seo a thaobh nan toraidhean ris a bheil dùil bho sholar FMG. Dh'fhaodte nach eil cuid de mhodhan a bhios a' cur ri ionnsachadh a' cur feum air cànan (m.e. a' gleusadh sgilean motoir finealta) no tha iad buailteach a bhith fada nas leasaichte sa Bheurla (m.e. cluich mas-fhior). Feumar cothromachadh a lorg eadar a bhith a' brosnachadh nam modhan seo le uallaichean mu bhith a' meudachadh na bhios a' chlann a' faighinn de Ghàidhlig.



A' Leasachadh Eòlas-teagaisg

- > Ann an suidheachaidhean bogaidh, far a bheil clann an crochadh air inbich airson slighe a-steach gu cànan ionnsachaidh, tha frèam-taig bho luchd-cleachdaidh a bhios a' gabhail com-pàirt ann an eadar-obrachaidhean ioma-mhodhach (m.e. gluasadan, taisbeanaidhean, comharran faicsinneach) riatanach. Ach, tha an dàta againn a' sealltainn nach robh seo a' tachairt tric sna cleasan 1:1 no buidhne bige còmhla ri inbheach. Ged a thathar a' gabhail ri cudromachd eadar-obrachadh le inbich ann an stiùireadh làithreach a thaobh cleachdadh iomchaidh, thathar cuideachd an dùil gun ionnsaich clann an an suidheachaidhean ro-sgoile fhad 's a tha iad a' com-pàirteachadh le co-aoisean no a' rannsachadh, a' cleasachd no a' dèanamh rudan leotha fhèin. 'S e ro-innleachdan teagaisg luachmhor a tha ann a bhith a' cur cheistean a ghabhas leudachadh, a' brosnachadh smaoinachadh co-roinnte agus seasmhach, agus ag iarraidh air cloinn ceistean fhuasgladh ach dh'fhaodte

This Project was funded by the British Academy



UNIVERSITY OF STIRLING

nach eil iad buileach cho luachmhor nuair a tha cothrom cuingealaichte aca air cànan an t-seòmair-chluiche. Tha e riatanach beachdachadh air cò dhiubh a dh'fhaodas àireamhan luchd-obrach/cloinne, agus dùilean a thaobh eòlas-teagaisg a bhith air an toirt a-nall bho sholar tro mheadhan na Beurla gu solar tro mheadhan na Gàidhlig.

A' toirt taic do chom-pàirteachas

- > Tha ionnsachadh air àrach le amannan de chom-pàirteachadh dlùth. 'S e an dùbhlann do sholar tro mheadhan na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' cur eòlas air ìrean àrda com-pàirteachaidh ann an cleasan far a bheilear a' cleachdadh no a' cluinntinn na Gàidhlig. Tha clann nas buailtiche pàirt a ghabhail nuair a tha cothrom aca fhèin an rud sa bheil iad a' gabhail com-pàirt a thaghadh agus nuair a tha na cleasan a tha air an tabhann co-cheangailte gu soilleir ri eòlasan fìor. Tha teicneòlas a' tabhann cothrom com-pàirt a ghabhail le goireasan a tha brosnachail dhan a' chloinn agus a chuireas ris a' chùl-taic a bheir luchd-cleachdaidh eòlach seachad. Ach, cha robh na goireasan teicneòlais a bha rim faotainn sna h-ionadan a ghabh com-pàirt san sgrùdadh seo ro tharraingeach agus b' ann cuingealaichte a bha an comas gus taic a thoirt do ionnsachadh. Tha teicneòlasan ùra leithid an iPad a' tabhann barrachd agus, cuide ri nithean cumanta mar chamarathan didseatach, bidh clann eòlach orra agus fosglaidh seo cothroman airson a bhith a' cruthachadh is a' conaltradh sa Ghàidhlig. Tha feum air obair leasachaidh thar roinn ro-sgoile FMG gus cothromachadh a thoirt air iarrtas diofraichte (i) cluiche saorsail agus modhan ionnsachadh cànan agus (ii) cleasan fìor, ùr-nodha agus fosgladh gu cultar na Gàidhlig.

Endnotes

- ¹ Stephen C., McPake J., McLeod W., Pollock I. & Carroll T. (2010) Breithneachadh air Foghlam Tràth agus Cùram Cloinne Meadhan Gàidhlig. Rannsachadh Sòisealta Riaghaltas na h-Alba, Toraidhean Rannsachaidh Àir. 57 ri fhaotainn aig <http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/315694/0100403.pdf>
- ² Le seòmar-cluiche tha sinn a' ciallachadh nan àrainnean uile a-staigh agus a-muigh a bha a' chlann a' cleachdadh anns gach ionad.
- ³ Tràth-bhliadhnachan: Curraicealam airson Sàr-mhathais, Foghlam Alba ri fhaotainn aig <http://www.ltscotland.org.uk/earlyyears/curriculum/index.asp>
- ⁴ 'S e ainmean-brèige a tha sna h-ainmean-àite agus ann an ainmean nan daoine uile.

